


James Watt

1736-1819



Ainmeil airson:

- Innleachdadh an einnsean smùid Watt, a thionndaidh smùid air ais na uisge
- Einnsean rothach a leasachadh a dh' innealaich fighe, snìomh agus còmhhdhail
- An teirm 'cumhachd eich'
- Inneal-cunntaidh rev.

Bha James Watt na innleachdair agus na innleadair innealach agus se na h-adhartasan aige ann an teicneòlas einnsean smùid a ghluais Mòr-chaochladh a' Ghnìomhachais air adhart.

Cha b' e Watt a dh' innlich an einnsean smùid. Bha einnseanan smùid ann mu thràth, air an cleachdadh mar as trice airson uisge a phumpadh a-mach à mèinnean. Rinn e atharraichean cudromach air an dealbhadh, air tuilleadh èifeachdais agus air dèanamh einnseanan smùide nas saoire an ruithe.

James Watt (1736-1819)

Tràth òige

Rugadh James Watt ann an Grianaig ann an 1736. Cha robh e fallain na leanabh agus chaidh oideachadh aig an taigh airson a' mhòr-chuid de na tràth-bhliadhnaichean aige.

Bha athair na shaor dubh agus na shaor-luinge a thòisich air gnìomhachas mar mharsanta agus sealbhaiche eathraichean. Bu toil le Watt modalan a dhèanamh agus a bhith a' càradh ionnstramaidean mara ann am bùth-obrach athair.

Obair innleadaireachd ann an Alba

Ann an 1755 chaidh Watt a Lunnainn gu bhith na fhoghlainnich neach-dèanaidh ionnstramaid saidheansail. Bha e luath ag ionnsachadh agus bha e comasach anns a' cheàrd aige taobh a-staigh bliadhna.

Aig aois 19 thill e a Ghlaschu, far na thòisich e air a' ghnìomhachas aige fhèin. Ann an ùine ghoirid bha e aithnichte mar innleadair àrd-chàileachd, agus fhuair e obair air Canàl Fhoirthe is Chluaidh agus air Amar-uisge a' Ghlinne Mhòir.

Bha e cuideachd an sàs ann an adhartas air acarsaidean agus a' doimhneachadh aibhnean na h-Alba, a' toirt a-steach an Fhoirthe agus Cluaidh.

Ag adhartachadh einnseanan smùide

Anmoch anns na 1750n, choinnich Watt ri **Joseph Black**, a bha aig an àm sin na Àrd-ollamh Ceimigeachd ann an Oilthigh Ghlaschu. Bha càirdeas eadar an dithis agus thug Watt modalan de dh' einnseanan dha Black airson an cleachdadh anns na h-òraidean aige a thaobh na bha co-cheangailte ri teas.

Aon Didòmhnaich ann an 1765, thàinig beachd gu inntinn Watt a bha gu bhith na shradag airson Mòr-chaochladh a' Ghnìomhachais.

Nuair a bha e a' coiseachd ann am pàirc faisg air a' Chluaidh, dh' aithnich e gu h-obann mar a b' urrainn dha an einnsean smùid àbhaisteach aig Newcomen a dhèanamh na b' èifeachdaich. Dh' fhaodadh e seòmar eadar-dhealaichte a chleachdadh gus smùid a ghiorrachadh gus a bhith a' fionnarachadh a' chòrr den einnsean.

Rinn e sgrìobhadh-còrach den t-seòmar-giorrachaidh smùide aige ann an 1769.

Boulton & Watt agus Mòr-chaocladh a' Ghnìomhachais

Ann an 1774, thòisich Watt air gnìomhachas ann am Birmingham leis an neach-tasgaidh Matthew Boulton airson an einnsean smùide nas fheàrr aige a shaothrachadh.

Shaothraich companaidh Boulton & Watt einnseanan smùide a b' urrainn a chleachdadh an àite sam bith, agus bha iarrtas mòr air an son. Thàinig Watt agus Boulton gu bhith nan daoine adhartach ann am Mòr-chaocladh a' Ghnìomhachais.

Lean Watt a' dèanamh adhartasan air einnseanan smùide, agus thug e a-mach sgrìobhadh-còrach cudromach eile, leithid an einnsean rothach agus an siùbhlachail smùide.

Fhuair na choilean e aithne bho a cho-eòlaichean saidheans. Bha e na bhall de Chomann Rìoghail Dhùn Èideann agus de Chomann Rìoghail Lunnainn, agus na cho-obraiche Cèin de Acadamaidh Saidheansan na Frainge.

Teaghlach is nas fhaide na bheatha

Bhàsaich a' chiad bean aig Watt, Margaret, le tinneas-cloinne ann an 1773, ga fhàgail le dithis chloinn òga. Phòs e Ann ann an 1776 agus bha mac is nighean aige leatha, ach bhàsaich iad leis a' chaitheamh mus do bhàsaich an athair.

Bhàsaich James Watt ann an 1819 aig Heathfield, faisg air Birmingham, aig aois 83.

An robh fios agad?

Tha Watt air a thaisbeanadh air a' bhonn airgid as motha san t-saoghal – an Taler Eòrpach 2008. Tha Watt a' riochdachadh tionnsgalachd na h-Eòrpa agus aois ùrachaidh teicneòlais

Air a thogail bhon Thalla Cliù Saidheans aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
<http://digital.nls.uk/scientists/biographies/index.html>



Education Scotland

Denholm House

Almondvale Business Park

Almondvale Way

Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk

Transforming lives through learning



**Education
Scotland**
Foghlam Alba